

you might make the heading in pretty large caps.

ELECTIONS

SIORRAMACHD PHEAIRT.

DHAOINE UALLSE.—Tha cuireadh air thoirt domhsa le buidheann mhòr agus chuidthromach gu mìfheinn achur air adhart mar *Candidate* no Fear-roghainn airson na h-onair suidhe air arsonsa mar *Mhembair* Parlamaid, agus tha mi a' faicinn iomchuidh co-aontachadh ris a' chuireadh.

Tha an t-Ard Mhinistear a' toirt reusanair seachad airson an *Sgaoiladh ealamh* so a tha gun choimeas ann mar n-eachdruidh. Tha corr agus tri fichead *membair* air a thaobhsa, thuilead *an corr* na th'air an taobh eile, agus tha e ag radh nach urrainn da an Uachdaranachd a chumail air adhart; agus mar so, ann an doigh, a' deanamh mach gu bheil a riaghailteachadh ann fhann am meadhon soirbheas comharrichte.

Tha sealbhachadh mor na rioghachd air cuir fuathas a dh-airgid an lamhainn *M^r. Gladstone*, ach bhitheadh e moran na b'fhearr nan *thigeadh* e le Cunntas na bu soilleir *reimh* na duthcha; agus chosnadh e moran tuile fabhair o shluagh ciallach nan do chuir e a *Bhudget* (na *Chunntas Solair*) mar bu chleachd *reimh* na Parlamaid, an aite a bhith ga' Sgaoiladh mar *bhratach* airson na h-Election.

Ma bhithas an onair agamsa a bhith mar *Membair* air arsonsa rithisd 'sann mar *Chonservative* (na riaghladair curamach) d'fheumas sin a bhith. Ach tha mi an dochas gun d'fheuch mi uibhir a mheastarachd ann mo bheachdair, agus a dheigh air bhith a' faicinn agus a' cluinntinn da' thaobh na h-uile ceist agus a' dhearbhadh dhuibh gur duine mi is urrainn seasamh neo-eiseamaillach mar bu choir do *Mhembair bhith* a shuidheadh airson Siorrachd cho chuidthromach ris an t-Siorrachd so.

Tha agam ri a radh a thaobh *Bhatachann* nan Siorrachdair agus nam Bailtean a bhith coltach ri cheile, nach aithne dhomh bonn turail sam bith air an gabh cuir an aghaidh so, agus bheireadh e moran taitneas dhomh gum faigheadh Sluagh ciallach, cumant na h-Alba am miann anns a' gnothach so, na mar tha *M^r. Gladstone* ag radh, "Gibht o lamhainn na h-Ard Chomhairle gun slaoid, agus le deadh thoil nan uile a bhith air a thoirt seachad"—facail a tha thoirt oirne a cho-dhunadh gur e run uachdaranachd ceart agus cumhachdach sin a thoirt seachad.

Ach nis tighinn dh'ionnsuidh ar gnothaichean fein, faodaidh mi a' gradh mu lagh *annan* an *Hypothec* agus a' Ghame gum bheil iad a dh'aindeoin gach gealladh agus cumail mach bh'againn ann an 1868, fhathas *daich* anns an aon staid 'san robh iad aig dunadh Parlamaid na bliadhna sin.

'Se mo bheachd an comhnuidh mu lagh an *Hypothec* gur e ceist th'ann a bhuineas do'n Tuathnach na's *mo* *ugh* na do'n Uachdara; agus o'n tha an Tuathnach na' aghaidh bhithinn ro dheas gu chur air chul.

Tha lagh *annan* a' Ghame o chionn iomadh bliadhna *in an* *campair* mor, ach tha eagal orm ged rachadh maigh *ea* *ea* agus rabaidh a thoirt as an lagh uile gu leir, nach bitheadh na h-uile gnothach ceart fhathas *daich* ged tha cuid a' smuainachadh gum bitheadh. Bhitheadh sluagh fhathas moran na bu m' *ugh* air am buairadh gu dal thair crioch *ea* agus fearainn dhaoine eile a' dh'aindeoin an lagh. B'e moran b'fhearr, *reir* mo bharailsa, gum bitheadh *ea* cheart uibhir choir aig an Tuathnach ris an Uachdara air na beathaichair sin.

Tha moran call aig an tuathnach troimh tuile *ea* *de* *choir*, *Ghame* a bhith air a ghleidheadh, agus bu math leam doigh ghoirid agus shaor a bhith ann gus an call sin a mheasadh agus fhiach a' mhathadh do'n tuathnach anns a' mhal.

Tha na *Tolchann* o chionn fhada, mar an ceudna, nan Sarachadh mor, ach tha Siorrachdair ann a cheana anns am bheil iad air an cuir sios, agus 'se mo bharailsa gum bu choir an cuir *ann* ann an Siorrachd Pheairt cuideachd, cheart cho luath agus a ghabhas sin deanamh le ceartas air gach laimh.

Tha mathachadh an fhearain aig deireadh na gabhalach air tighinn ann an doigh ro shoileir *reimh* aire sluaigh 'san am so, agus tha uibhir thairbh anns a' gnothach so do'n Tuathnach agus th'ann do'n Uachdara ach b'fhearr leam solar ceart a bhith anns na gabhalachann mu choinn *ann*, na lagh ur a bhith air a thoirt mach mu d'heibhinn. Ach nam bitheadh lagh ur air chur *reimh* na Parlamaid a dheanadh ceartas agus bheireadh a *choir* fhein do na h-uile duine dheanann uibhir chomhnadh agus a' b'urrainn domh ri a thoirt mach mar lagh na rioghachd.

Mar fhear-fearainn mi-fein, bu math leam lagh a dheanadh creic agus ceannach an fhearainn na bu saoire na tha e a bhith ann, agus cuideachd lasachadh *ea* *ea* a bhith air a dheanamh ann an lagh an *Entail*, na e a bhith air chul uile gu leir.

Tha ar tim cho goirid agus gum bheil eagal orm nach bit mi murrach air dol ach do ro bheagan dh'ait *ea* *ea* a thachairt ris na *Voters* (na an Luchd-taghaidh) mar bu math leam an onair a bhith agam; agus tha mi an dochas gun dean so mo leisgeul a ghabhail dhoibhsan nach urrainn mi a ruigheadh an drasta.

Tha an Onair agam gur mi,
U Ar Seirbheisach dileas,

UILLEAM STIRLING MAXWELL.


КНИЖКА СЪВЪЗНИКА

ЛИСТЪМЪ СЪВЪЗНИКА - ИМАМЕЛЪ

17. СЪВЪЗНИКА

ДЪЛЪ ЗА СЪВЪЗНИКА

Handwritten:
Mundaeht
Kipung
Loque Almond
Jetturoquid



Handwritten: 17.17

[Faint, mostly illegible text from the reverse side of the paper, appearing as bleed-through.]

СЪВЪЗНИКА - ИМАМЕЛЪ

Handwritten notes:
54
1
4 1/2
3 1/2
1 1/2
1 1/2